




# NA LOCHLANNACH

- Cò iad na Lochlannaich?
- Cuin a thàinig na Lochlannaich a dh'Alba?
- Carson a thàinig na Lochlannaich?
- Creachadairean
- Ionnsaighean air Eilean Ì
- Bàrdachd
- Creideamh agus creideasan nan Lochlannach
- Tiodhlacaidhean nan Lochlannach
- Fir-tàileisg Leòdhais
- Aodach nan Lochlannach
- Ainmean-àite Lochlannach ann an Alba
- Faclan a tha a' tighinn bho fhreumhan Lochlannach
- Càit an deach na Lochlannaich?

STÖRLAND VIKING



# CÒ IAD NA LOCHLANNAICH?



Mar a tha an t-ainm Gàidhlig a' mìneachadh dhuinn, b' e buidheann de dhaoine bho na dùthchannan Lochlannach (Nirribhidh, An Danmhairg agus an t-Suain) a bha anns na Lochlannaich. Dh'fhàg móran dhe na Lochlannaich na sgìrean anns an robh iad air tighinn beò airson malairt, àiteachas a stèidheachadh, cogadh agus creachadh a dhèanamh agus gus tìrean ùra fhaicinn. Sheòl iad agus thug iad buaidh air sgìrean fad is farsaing anns a' Chuan Atlantaig a Tuath. Tha fianais bho eachdraidh ag innse dhuinn gun robh tuineachaidhean Lochlannach air an stèidheachadh anns na dùthchannan far a bheil Canada, Innis Tile, Irac agus An Ruis anns an latha an-diugh a bharrachd air dùthchannan a bha na b' fhaisge orra.

Thug iad buaidh mhòr air iomadh sgìre a thaobh cànan, cultar agus dòigh-beatha. Bha an creideamh agus na creideasan aca fhèin aca agus bha iad air feadhainn dhe na seòlaidearan a b' fheàrr air an t-saoghal le longan mòra aca gus daoine a ghiùlan míltean mòra thar a' chuain.



## CUIN A THÀINIG NA LOCHLANNACH A DH'ALBA?

Bha na Lochlannaich aig àirde an cumhachd eadar deireadh an 8mh agus meadhan an 11mh linn. Tha aithrisean ann gun tàinig Lochlannaich bho Nirribhidh a dh'Alba agus a dh'Éirinn, gun deach Lochlannaich às An Danmhairg a Shasainn agus dhan Fhraing agus gun deach Lochlannaich às an t-Suain an ear dhan Ruis agus a dhùthchannan eile.

## CARSON A THÀINIG NA LOCHLANNACH?

Tha iomadh beachd air nochdadhbhòr mar a ghluais na Lochlannaich air feadh earrainn mhòr dhen t-saoghal. Dè do bheachd fhèin?

OBAN

Dèan còmhradh anns a' chlas cuide ris an tidsear agus na sgoilearan eile. Thoir do bheachd fhèin air carson a tha thu a' smaointinn a dh'fhàg feadhainn dhe na Lochlannaich na sgìrean a bu dual dhaibh?



Tha na leanas am measg nam beachdan a tha air an cur air adhart le luchd-eachdraidh air carson a dh'fhàg na Lochlannaich na sgìrean a bu dual dhaibh:

- Bha na Lochlannaich a' fuireach air an talamh aig oir na mara, agus leis mar a bha àireamh-sluaigh nan Lochlannach ag èirigh, cha robh àite gu leòr ann dhan h-uile duine aca gus bith-beò a dhèanamh.
- Leis gun robh iad cho math air seòladh, bha e nàdarra gum biodh na Lochlannaich a' dol gu muir agus a' faighinn smachd air barrachd àiteachan.
- Bha a bhith a' goid bho àiteachan ri taobh na mara ann an dùthchannan eile na b' phasa na bhith a' dèanamh bith-beò air an talamh.
- Tha mòran choilltean anns na dùthchannan Lochlannach agus chan eil an talamh uabhasach torrach. Bhiodh sin a' ciallachadh gum biodh e doirbh a bhith beò air àiteachas anns na sgìrean sin.
- Bha fhios aig na Lochlannaich gun robh na dùthchannan a bha mun cuairt orra gu math lag agus gum biodh e gu math furasta dhaibh làmh-an-uachdair fhaighinn air an t-sluagh an sin.
- Cha robh sluagh sam bith eile a' seòladh na mara mar a bha na Lochlannaich agus mar sin cha robh dad a' cur bacadh orra.



Anns an latha an-diugh bidh mòran dhaoine a' gluasad – no a' dèanamh imrich – airson iomadh adhbhar. Tha cuid dhen t-sluagh a' sìreadh beatha nas fheàrr dhaibh fhèin agus dhan teaghlaichean. Bidh cuid eile a' feuchainn air falbh bhon àite anns a bheil iad a' fuireach a chionn 's nach eil airgead aca no a chionn 's gu bheil cogadh no droch rud eile a' tachairt.

## BÒRD FIOSRACHAIDH



Bidh daoine air am 'putadh' air falbh bho àiteachan a chionn's gu bheil duilgheadasan anns an àite a tha daoine a' fàgail.

Bidh daoine air an 'tarraing' gu àiteachan a chionn's gu bheil rudeigin math mu na h-àiteachan no a chionn's gu bheil iad tarraingeach ann an dòigh air choreigin.

### OBAN

Coimhead air na h-adhbharan a tha air an toirt seachad gu h-àrd airson na Lochlannaich a bhith air gluasad.

Cuimhnich air puingean sam bith a chaidh a thogail anns an deasbad a bha agaibh anns a' chlas.

Sgriobh gach adhbhar fon tiotal iomchaidh. An ann air sgàth 'putadh' no 'tarraing' a bha na Lochlannaich a' gluasad air an adhbhar sin?

PUTADH

TARRAING



## CREACHADAIREAN

Nuir a dh'fhàg na Lochlannaich na dùthchannan dùthchasach aca fhèin, thòisich iad air ionnsaighean a thoirt air na tìrean a bha iad a' lorg. Bhiodh iad a' creachadh eaglaisean agus abaidean agus bhiodh iad a' goid bho na sgìrean anns am biodh iad a' tadhail. Bhiodh iad a' falbh le daoine airson an cumail mar thràillean agus bhiodh iad cuideachd a' cur dhaoine far na talmhainn aca fhèin.



## A' CHIAD IONNSAIGH

B' ann air eilean beag Lindisfarne, far costa an ear-thuath Shasainn, a chaidh a' chiad ionnsaigh aig na Lochlannaich a chlàradh. Bha manachainn Chrìosdail air an eilean sin agus chaidh a creachadh agus a milleadh leis na Lochlannaich anns a' bhliadhna 793. Chaidh togalach nam manach a sgrios agus chaidh manaich a mharbhadh. Bha cuid dhe na stòrasan bu phriseile aig an eaglais Chrìosdail anns an eilean sin.



Crois Naomh Chuthbert

## IONNSAIGHEAN AIR EILEAN Ì

Dìreach dà bhliadhna an dèidh nan ionnsaighean a chaidh a dhèanamh air Eilean Lindesfarne, chaidh ionnsaighean eile a thoirt air eilean far an robh manachainn agus far an robh coimhairsnachd Chrìosdail air a stèidheachadh.

Bha Eilean Ì fior chudromach leis gur ann air an eilean sin a stèidhich an Naomh Calum Cille manachainn agus coimhairsnachd Chrìosdail anns a' bhliadhna 563. Thug na Lochlannaich ionnsaighean air an eilean sin trì tursan anns na bliadhna chan 795, 802 agus 805.

Chaidh mòran a ghoid bhon mhanachainn agus bhon eaglais air an eilean. Chaidh taighean a chur nan teine, chaidh inbhich agus clann a mhurt, chaidh boireannaich a thoirt am bruid agus chaidh smachd a ghabhail air coimhairsnachdan. Bha iad a' dèanamh nan nithean borba seo gus dèanamh cinnteach gum biodh an t-eagal aig an t-sluagh romhpa agus gus nach biodh iad a' cur nan aghaidh.



# RANNSACHADH

## RANNSACHADH

Dèan rannsachadh air ionnsaighean a thug Lochlannaich ann an Alba.

Bidh agad ris an rannsachadh a nì thu a chruinneachadh còmhla gus aithisg naidheachd a libhrigeadh mu na thachair. Leugh a' bhàrdachd a tha seo a tha a' toirt iomradh air na Lochlannaich a' tighinn agus freagair na ceistean a leanas.



# OBAIR

Thoir a chreidsinn gu bheil thu ag obair do sheirbheis  
naidheachdan agus gu bheil thu a' faicinn nan Lochlannach  
a' tighinn air tir agus a' toirt ionnsaighean air na  
coimhersnachdan.

Sgriobh sgriopt airson aithris naidheachd mu ionnsaigh  
Lochlannach air Eilean Ì.

Dèan clàradh dhen aithris agad.

Gus do chuideachadh gus ullachadh a dhèanamh airson  
d' aithris a libhrigeadh, èist an toiseach ri aithris naidheachd  
air Radio nan Gàidheal. Cuidichidh an tidsear thu gus  
èisteachd ri aithris naidheachd.

Cha b' ann a-mhàin air Eilean Ì a thug Lochlannaich  
ionnsaigh. Chaidh iad air tir anns na h-Eileanan Siar, Arcaibh  
agus Sealtainn agus air tir-mòr na h-Alba cuideachd.



Clàr-sgriobhaidh cèire a  
chleachd na Lochlannach

Leugh a' bhàrdachd seo a tha a' toirt iomradh air tighinn nan  
Lochlannach agus freagair na ceistean a leanas.

## NA LOCHLANNAICH A' TIGHINN AIR TÌR AN NIS



le Ruairidh  
MacThòmais

Nuair thàinig a' bhirlinn gu tìr  
nuair a tharraing iad i  
air gainmheach a' Phuirt,  
ged a bha am muir gorm,  
's a' ghainmheach geal,  
ged a bha na sìtheanan fàs  
air dà thaobh an uillt,  
is feur glas ann an claisean,  
ged a bha ghrian a' deàrrsadh  
air bucaill nan sgiath,  
air na clogadan,  
is àile liath-ghorm an eòrna air na h-iomairean,  
ged a bha sin mar sin  
is sian nan tonn air an cùlaibh,  
an t-sùlaire a' tuiteam à fànas,  
is cop air bainne blàth na mara,  
Bha eagal orra.

Ach chaidh iad a-steach dhan tìr,  
is fhuair iad taighean  
is boireannaich,  
is teaghlaichean,  
is bhuain iad an t-eòrna,  
fhuair iad eun às a' phalla,  
is iasg à fairge,  
thug iad ainmean air creagan 's air clann,  
is lìon iad na saibhlean,  
agus dh'fhalbh an cianalas.

## GEISTEAN

1. Dè na rudan anns a' chiad rann dhen bhàrdachd seo a tha ag innse dhuinn gur ann air Lochlannaich a tha am bàrd a' toirt iomradh?
2. Dè tha an loidhne 'Bha eagal orra' a' ciallachadh dhuinn anns a' bhàrdachd seo?
3. Anns an dùrna rann, dè na dòighean anns an tug na Lochlannaich buaidh air sgìre Nis?
4. Dè na faireachdainnean a tha agad mun bhàrdachd seo?  
Mìnich do fhreagairt.
5. A bheil thu a' smaointinn gu bheil a' bhàrdachd a' toirt sealladh cothromach air ionnsaighean nan Lochlannach?



Tomhaigh umha de Thor a' cumail  
gréim air an òrd aige



# CREIDEAMH AGUS CREIDEASAN NAN LOCHLANNACH

Bha iomadh dia aig na Lochlannaich. Bha iad a' creidsinn gun robh comasan agus beusan sònraichte aig na diathan. Bhiodh na Lochlannaich ag innse mòran sgeulachdan mu na diathan aca dha chèile. 'S iad Thor, Odin agus Frey na prìomh dhiathan Lochlannach.





## ODIN

B' esan Rìgh nan diathan. B' esan dia a' ghliocais, na bàrdachd agus a' chogaidh agus bha mòran chomasan os-nàdarrach aige. Bha e cumhachdach, cealgach agus math air draoidheachd. Bha each ochd-chasach aige agus dà eun agus bhiodh na beathaichean sin uile a' toirt an aire air an t-saoghal gu lèir do Odin.

# THOR

B' esan dia an adhair agus riaghladair nan stoirmean 's nan tàirneanach agus b' e mac Odin a bh' ann. Bha esan air leth làidir ach cha robh e cho glic idir. Bha mòran dhe na daoine bochda agus tuathanaich a' toirt urram dha. Bhiodh e a' sgèith anns an adhar 's e air a shlaodadh le gobhair. Bha cuideachd mòran sgeulachdan ann mu dheidhinn a bhith a' sabaid ann am blàir an aghaidh uilebheistean.



# FREY

B' esan dia an torrachaidh agus bha e uabhasach fhèin fialaidh. B' esan a dhèanadh cinnteach gum fàsadhbàrr gu math agus gum biodh biadh gu leòr aig na Lochlannaich bhon talamh. B' e dia an ionmhais, na slàinte, na sìth agus an nàdair a bh' ann cuideachd.

Seall air na duilgheadasan a tha aig na Lochlannaich seo. Cò am fear dhe na trì diathan ris am bu chòir dhaibh a bhith a' guidhe gus na duilgheadasan aca a rèiteach.



"Chan eil am bàrr agamsa a' fàs am-bliadhna.  
Chan eil uisge gu leòr air a bhith ann."



"S e stoirm mhòr, mhòr a tha seo. Ma chumas a' ghaoth làidir seo  
a' sèideadh, tha eagal orm gun tèid sinn air na creagan"



"Feumaidh mi rann a sgriobhadh gus na diathan a mholadh.  
Chan urrainn dhomh smaoineachadh air dad an-dràsta."



"Tha sinne a' falbh gu dùthchannan cèin leis gu bheil e cho doirbh dhuinn  
beòshlaint a dhèanamh air an talamh seo. Tha mise ag iarraidh beairteas  
fhaighinn ann an àiteachan eile."

**Deasbad mar chlas.**

**Mìnich do dhaoine eile anns a' chlas carson a thagh thu na  
freagairtean agad.**





Chleachd na Lochlannaich cùirn airson òl asta



## TIODHLACAIIDHEAN NAN LOCHLANNACH

Bha na Lochlannaich a' creidsinn ann a' Valhalla, nèamh nan Lochlannach, agus bha iad a' creidsinn ann am beatha bhith-bhuan. Nuair a bhàsaicheadh iad, bhiodh na Lochlannaich air an tiodhlacadh leis a h-uile rud a dh'fheumadh iad anns an ath bheatha nan cois.

Bhiodh mòran dhe na Lochlannaich a bu bheairtiche air an tiodhlacadh ann an longan gus dèanamh cinnteach gum biodh iad air an tarraing gu saoghal eile. Bha a h-uile rud a bha a dhìth orra air a chur còmhla riutha – biadh, aodach agus armachd.

Bhiodh beathaichean leithid eich agus coin air am marbhadh agus air an cur dhan luing cuideachd gun fhios nach biodh iad gu feum air an taobh eile. Nan robh am fear a dh'eug uabhasach fhèin cudromach, bhiodh feedhainn dhe na searbhantan aige air am marbhadh cuideachd agus air an cu dhan uaigh còmhla ris!



## CNUASACHADH

Ciamar a tha thu a' smaointinn a bhiodh searbhant a' faireachdainn agus i a' cluinntinn gu bheilear a' dol ga marbhadh airson a cur dhan luing còmhla ri fear dhe na Lochlannaich a bu bheairtiche?

Saoil...

**Am biodh i moiteil gun deach a taghadh gus fear a chuideachadh ann an nèamh nan Lochlannach?**

**Am biodh an t-eagal oirre?**

**Am biodh i a' coimhead air adhart ris a' bhàs?**



## SGRÌOBHADH

Cuir thu fhèin ann an riochd searbhant a tha air fios fhaighinn gu bheil i gu bhith air a marbhadh airson 's gum bi i còmhla ri Lochlannach eile anns an ath bheatha. Sgriobh mar a tha thu a' faireachdainn mu dheidhinn seo.

'S e Lochlannach a th' annad. Dè na rudan cudromach a bhiodh tu airson a thoirt leat dhan ath bheatha?

Bhiodh na longan an uair sin air an còmhdach le ùir agus bhiodh a h-uile rud air a chur na theine. Bha na Lochlannaich a' creidsinn gun robh an duine a' dol gu Valhalla, pàrras nan Lochlannach, far am biodh an dia Odin còmhla riutha gach oidhche airson feistean agus gus mòran òl.

## NA VALKYRIE A' TOIRT NAN SEÒID GU VALHALLA

'S e curaidhean boireann a bha anns na Valkyrie a bhiodh a' dol mun cuairt nam blàr a' feuchainn ri laoich Lochlannach a lorg gus am b' urrainn dhaibh an toirt air ais gu Valhalla. Nuair a bheireadh iad seòid a bha air bàsachadh ann am blàr air ais dhan nèamh aca fhèin, bhiodh urram sònraichte air a thoirt dhaibh agus bhiodh iad a' suidhe ri taobh Odin aig na dìnnearan mòra aca.



## NIFLHEIM

Cha bhiodh a h-uile Lochlannach a' dol gu Valhalla idir ge-tà. Dha na Lochlannaich nach robh air bàs fhaighinn ann am blàr no air cliù sònraichte a chosnadadh dhaibh fhèin, 's ann gu gu àite air an robh Niflheim a bhiodh iad a' dol an dèidh dhaibh bàsachadh.

'S e àite fuar, dorcha a bha sin le aibhnichean reòite, tòrr sneachda agus ceò. Bha mòran dhe na Lochlannaich an dòchas bàsachadh anns a' bhlàr gus a bhith cinnteach gum biodh iad a' dol gu Valhalla còmhla ris na laoich eile.

Bhiodh cuid dhe na h-islean a' dol gu Niflheim far am biodh iad gu sìorraidh. Ann an ceàrnaidh eile de Niflheim bha Lochlannaich a bha oillteil agus olc a' fuireach. 'S e nàdar de dh'ifrinn a bha ann dha na Lochlannaich sin, ach chan e ifrinn a bha ann dhan h-uile Lochlannach idir – dìreach àite fuar far am biodh iad an dèidh a' bhàis.



Leugh a' bhàrdachd seo agus freagair na ceistean a leanas.

## GUNBJORN



le Tormod Caimbeul

**Mar a labhair Gunbjorn  
ann an talla mhòr Olaf –  
feòil ga ròstadh  
fion ga òl –  
bha iad gu lèir mun bhòrd,  
na laoich ud  
le na h-adhaircean  
le na feusagan dearg  
garg ag èisteachd ris**

**Cha tèid mi an taobh ud tuilleadh:  
tha mi ro aost',  
ro sgith a-nise  
airson murt agus marbhadh agus milleadh.**

**Dh'fhàg mi Torkill, mo bhràthair,  
san eilean fhuar,  
agus Olvir, a lean Håkon,  
fuar air cladach eile.**

**Na cladaichean a bh' ann,  
na daoine  
's an t-eagal geal nan sùilean  
a' teicheadh.**

**Fhuair mi mo shàth dheth:  
Soraidh slàn leis.**

**A-màireach, a chàirdean,  
an àite dhol an lar – thar chuan –  
bidh mo chùrsa-sa gu Tuath  
mìltean air mhìltean  
fada Tuath.**

**Lorgaidh mi daoine  
bha bàidheil rium uair:  
Mihkku, Sreidna, Eva;  
's gach latha  
thèid sinn le chèile  
a shealg an fhèidh  
a shealg a' mhathain  
is mas fheudar, a' mhadaidh-allaidh.**


'S nuair thig an oidhche  
ann an solas an teine  
**seinnidh Màgreda**  
**seinnidh Anok**  
's bidh fois is sìth mu dheireadh thall  
aig mo chorp  
's thig tost air m' anam.



## CEISTEAN

1. Anns a' chiad rann a bheil am bàrd a' toirt seachad dealbh chothromach a rèir na fianais eachdraidh mu fhèistean ann am Valhalla? Mìnich do fhreagairt le fianais bhon bhàrdachd.
2. Dè tha ag innse dhuinn gun robh an Lochlannach anns a' bhàrdachd seo air siubhal a dhèanamh?
3. Dè an earrann bhon bhàrdachd a tha ag innse dhuinn nach robh daoine toilichte nam biodh long Lochlannach a' tighinn air tìr?
4. Dè an seòrsa àite a tha gu 'Tuath' far a bheil an Lochlannach seo an dùil a dhol?
5. Carson a tha an Lochlannach seo am beachd a dhol an sin?

Tha an sgeulachd aig na Valkyrie air luchd-ealain a bhrosnachadh thar nan linntean gus ceòl agus obair ealain a dhèanamh stèidhichte air na Valkyrie. 'S e 'Ride of the Valkyries' le Risiard Wagner fear dhe na piosan ciùil as ainmeile co-cheangailte ris a' chuspair seo. Mar phàirt de sgeulachd a' chiùil seo, tha buidheann Valkyrie a' sgrùdadadh blàr agus a' cruinneachadh cuirp nan Lochlannach agus gan toirt air ais gu Valhalla.





## FIR-TÀILEISG LEÒDHHAIS

Tha Fir-tàileisg Leòdhais, no Fir-tàileisg Ùig mar a th' aig cuid orra, air pàirt dhen fhianais eachdraidh as inntinniche agus as cudromaiche bho linn nan Lochlannach.

Ann an 1831, air cladach ann an sgìre Ùig ann an Leòdas chaidh 78 fear-tàileasg a lorg. Tha iad air an snaigheadh à ìbhri ròin agus tha a' chuid as mothà dhiubh air an cumail ann an Taigh-tasgaidh Bhreatainn ann an Lunnainn.

Chan eil fios le cinnt càit an deach na fir-tàileisg a dhèanamh, ach tha làn-chinnt gur ann bho Linn nan Lochlannach a tha iad agus gur e Lochlannaich a rinn iad. Tha a' chuid as mothà de dh'eòlaichean eachdraidh nan Lochlannach dhen bheachd gur ann ann an Nirribhidh a chaidh an dèanamh. Tha fianais eachdraidh nam fear-tàileisg a' leigeil le luchd-eachdraidh beachd fiosraichte a thoirt air càit an deach an dèanamh.



# BÒRD FIOSRACHAIDH



## Dè tha ann am fianais eachdraidh?

'S e nì a bhios ag innse dhuinn mu rudan a thachair anns an ùine a dh'fhalbh a tha ann am fianais eachdraidh. Tha fianais eachdraidh a' toirt dhuinn cothrom dearbhadh dè thachair ann an eachdraidh no faodaidh e ar cuideachadh gus beachd a thoirt air dè thachair ann an eachdraidh.

## Dè an fhianais eachdraidh a tha a' toirt barrachd tuigse dhuinn air na fir-tàileisg?

Bha math dearg air feadhainn dhe na fir-tàileisg nuair a chaidh an lorg an toiseach.

Cha robh crònadh sam bith air na fir-tàileisg.

Chaidh an aon seòrsa iomhaigh a lorg ann an Trondheim ann an Nirribhidh.

Cha mhòr nach deach ceithir seataichean de dh'fhir-tàileisg a lorg.

**Cha robh iad air an cleachdadadh uabhasach tric.**

**B' e neach-malairt a bha a' reic nam fear-tàileisg a chaill no a dh'fhàg iad ann an Leòdas.**

**Chaidh na fir-tàileisg a dhèanamh ann an Nirribhidh.**

**Ma dh'fhaodte gur ann dearg agus dubh a bha am bòrd air an robh iad air an cluich. 'S ann geal agus dubh a bhios na bùird anns an latha an-diugh.**

## Ceangail gach fianais eachdraidh ris na co-dhùnaidhean a rinn eòlaichean-eachdraidh

### BEACHDAICH!

A bheil thu a' smaointinn gu bheil an luchd-eachdraidh ceart? A bheil an fhianais làidir gu leòr gus leigeil leis an luchd-eachdraidh am fiosrachadh sin a thoirt dhuinn mu na fir-tàileisg?

Dèan còmhradh mu dheidhinn seo còmhla ris an tidsear agad.

## FIR-TÀILEISG ÙIG

Air feasgar earraich air an tràigh  
's mi siubhal mall air chuairt,  
gum faca mi sa ghainmhich bhàin  
ficheadan de thàchrain truagh  
Cha robh ful ann' 's cha robh feòil,  
nan seasamh anns an abhainn fhuair;  
briathran cha robh ac' nam beòil,  
claisneachd cha robh ac' nan cluais.

Tàcharain nam bliadhna' a shiubhail,  
reòit fad linntean air an tràigh;  
fàilte cha d' chuir iad orm no furan  
mar shaighdearan fo òrdugh bàis.

Leam gun d' thog mi iad gum dhachaigh  
na nochd sa chuan air an tràigh;  
oir cha robh miann agam gun caillist  
iomhaighean air beul muir-làin.

Cha robh briathran ac' a dh'innseadh  
eachdraidh shìmplidh an cuid dhaoin',  
no cò a chruthaich iad san ìbhri,  
no ciod an rioghachd às na thaom.

Iomraiteach gu dearbh gum bi iad  
an cùirtean lionmhor mòr an dùthch',  
is cha bhi cuimhn' air fear a lìbhrig  
an sgeulachd mu fhir-tàileisg Ùig.



## CEISTEAN

1. Dè na faclan anns a' chiad rann a tha ag innse dhuinn gun deach na fir-tàileisg a lorg air a' chladach?
2. Dè tha am bàrd ag ràdh a tha a' dearbhadh dhuinn nach urrainn dha na fir-tàileisg an eachdraidh aca fhèin innse?
3. Carson, a rèir na bàrdachd, a chaidh na fir-tàileisg a thogail bhon àite anns an deach an lorg?
4. Ann an rann 5, dè am fiosrachadh nach urrainn dhan bhàrd fhaighinn mu na fir-tàileisg?
5. Dè tha am bàrd a' ciallachadh leis an rann mu dheireadh?
6. Dè do bheachd air a' bhàrdachd seo? Inns an do chòrd no nach do chòrd i riut? Thoir adhbharan nad fhreagairt.

## CÀIT A BHEIL NA FIR-TÀILEISG AN-DIUGH?

Tha 82 dhe na fir-tàileisg air an cumail ann an Taigh-tasgaidh Bhreatainn ann an Lunnainn. Tha 11 dhe na fir-tàileisg ann an Taigh-tasgaidh na h-Alba ann an Dùn Èideann. Chan eil gin dhe na fir-tàileisg ann an Leòdhas. Bho àm gu àm bidh na taighean-tasgaidh a' faighinn iasad dhe na fir-tàileisg agus bha 30 dhiubh air chuairt ann an iomadach àite ann an Alba ann an 2011. Bha an taisbeanadh aig na fir-tàileisg ann an Taigh-tasgaidh nan Eilean ann an Steòrnabhagh.


## DEASBAD

**"Càit am bu chòir dha na fir-tàileisg a bhith air an cumail?"**

Bidh an clas air a roinn ann an trì buidhnean – Lunainn, Dùn Èideann agus Leòdhas.

Feumaidh gach buidheann:

- òraid a dhèanamh gus mìneachadh carson a bu chòir dha na fir-tàileisg a bhith air an cumail anns an àite acasan.
- ceistean a chur air na buidhnean eile.
- co-dhùnadh a dhèanamh anns a bheilear ag innse carson a bu chòir na fir-tàileisg a bhith air an cumail anns na h-àiteachan fa leth.



Càit an tèid sinn,  
a ghràidh?

Uill, chòrd  
Ùige Leòdhais  
riumsa.





## AODACH NAN LOCHLANNACH

Bha siobhaltachd nan Lochlannach air a roinn ann an iomadach ìre.  
B' e an t-aodach a bha air daoine fear de na prìomh dhòighean air  
aithneachadh dè an cliù a bh' aca am measg nan Lochlannach fhèin.





## AODACH NAN TRÀILLEAN

B' iad na tràillean a b' ìsle ann an cumhachd. Gu math tric bhiodh iad air a bhith air an toirt mar thràillean gu dùthchannan Lochlannach. Bhiodh brògan leathair, crios leathair agus briogais agus lèine air na tràillean. Cha bhiodh armachd sam bith aca.



## AODACH NAN CURAIDHEAN

Cha robh na curaidhean beairteach, ach dh'fhaodadh earrainnean beaga talmhainn a bhith aca far am biodh iad a' fàs bàrr agus far am biodh beathaichean aca. Nuair a bhiodh na curaidhean air falbh a' sabaid, bhiodh na mnathan aca agus a' chlann aca a' dèanamh na h-obrach air an talamh. Bhiodh clogadan iarainn air na curaidhean agus bhiodh sgiath, gath biorach agus claidheamh aca cuideachd airson a' bhlàir. Bhiodh seòrsa de lèine mheatailt orra cuideachd gus am bodhaig a dhòn agus bhiodh meatailt a' crochadh bhon chlogad gus an amhaichean a dhòn.



## THOIR AN AIRE!

Gu tric chithear dealbhan de Lochlannaich le adhaircean air na clogadan aca. Chan eil fianais sam bith ann an eachdraidh gum biodh adhaircean air clogadan nan Lochlannach. 'S e clogadan iarainn a bhiodh air na curaidhean. Uaireannan bhiodh iarann cuideachd a' còmhdaich na sròine agus nan sùilean gus barrachd dòn a thoirt dha na Lochlannaich nuair a bhiodh iad a' sabaid.



**Seall air na dealbhan seo de churaidhean  
Lochlannach.**

Minich na dòighean anns am biodh curaidhean Lochlannach gan  
dion fhèin ann am blàr leis an aodach agus leis an èideadh a bhiodh  
orra.

Sgrìobh mu 100 facal.





# BHO STRÌ GU SITH

## Tuathanach

Chan ann a-mhàin ann an cogadh a bha Lochlannaich soirbheachail oir b' e sàr thuathanach a bh' annta cuideachd. Tha cuid de luchd-eachdraidh ag ràdh gur e tuathanach a bh' anns a h-uile Lochlannach 's gun robh cuid dhiubh a' tilleadh air ais chun an tuathanais leis na ghoid iad, airson a dhèanamh nas treasa. A dh'aindeoin sin, chan eil cus fiosrachaidd againn mun t-seòrsa tuathanais a bhiodh aca agus mar a bhiodh iad gan ruith. Tha e follaiseach ann an àitichean mar an Danmhairg gun robh iad a' cur lusan, seagal agus arbhar. Bha an Danmhairg cudromach oir b' e sin an t-àite a b' fheàrr airson àiteachas. Ach ge b' e dè an t-àite dhan deach iad, me Innse Gall (Na h-Eileanan an lar), tha na h-ainmean-àite Lochlannach cho pailt 's cho mionaideach 's gu bheil sin ag innse dhuinn gun robh iad ann fad bhliadhnaichean mòra.



Bha Lochlannaich a' fuireach air tuathanais fa leth, car coltach ri croitean, 's chan ann ann am bailtean. Bidh an ìomhaigh de bhailtean Lochlannach tric air a sgaoileadh, ach chan eil e ceart airson a' chuid as mothà de Lochlannaich. Mar shàr eisimpleir de dh'àite-còmhnaidh Lochlannach, bhiodh an taigh 's an tuathanas aca faisg air a' chladach, pìos math air falbh bhon ath thaigh, agus freagarrach airson àiteachas (talamh torrach, tioram gu leòr). Bhiodh iad a' cleachdadadh fiadh airson thogalaichean, 's airson teine chleachdadadh iad fiadh agus móine, 's mar sin dh'fheumadh e a bhith faisg air craobhan.





## Luchd-malairt

Chì sibh gu bheil buinn-airgid, innealan-sgrìobhaidh agus fiù 's fir-tàileisg anns a' chiste. Tha seo cudromach oir tha e ag innse dhuinn gur e daoine a bha an sàs ann am malairt a bh' anns na Lochlannaich. Ged a bha na Ròmanaich a' cleachdadhbh aibidil agus a' toirt air clann a bhith a' sgrìobhadhbh, chan eil e buileach soilleir an robh na Lochlannaich ris an aon obair, ach dh'fheumadh iad sgrìobhadhbh ionnsachadh ann an dòigh air choreigin. Bhiodh iad air an oideachadh le bhith an sàs ann an obair fearainn no ann am malairt, 's gu ìre, sin an dòigh as fheàrr air sgilean ionnsachadh. Cha robh sgoiltean aig na Lochlannaich mar a th' againne. Bhiodh a' chlann ag ionnsachadh aig an taigh còmhla ri pàrant no cuideigin eile, no ann an taigh duine beairteach. Bhiodh balaich agus nigheanan ag ionnsachadh seinn, aithris agus dèanamh bàrdachd agus mar a dh'innseadh iad sgeulachdan. Bhiodh na balaich ag ionnachadh mu obair fearainn agus malairt, agus bhiodh na nigheanan cuideachd ag ionnsachadh mu obair clòimhe, fuaigheal agus fighe.

Tha na fir-tàileisg cuideachd a' sealltainn gun robh iad ri spòrs agus gan cleachdadhbh airson tlachd.



**Dèan coimeas eadar thu fhèin 's na Lochlannaich a thaobh nan nithean seo.**

Dè tha, no a bhithheadh, cudromach dhutsa airson àite-fuirich?

Dè an seòrsa gnìomhachais no malairt a tha a' dol air adhart an-diugh anns am biodh ùidh agad fhèin?

Dè na geamaichean a tha thusa a' cluiche a tha coltach ris na geamaichean a bha na Lochlannaich a' cluiche?

## **AINMEAN-ÀITE LOCHLANNACH ANN AN ALBA**

Mar a chunnaic sinn anns a' bhàrdachd aig Ruairidh MacThòmais, 'Na Lochlannaich a' tighinn air tìr an Nis' (faic duilleag 13), thug na Lochlannaich a dh'fhuirich anns na tirean air an tug iad ionnsaigh buaidh air cànan agus cultar nan àiteachan sin.

Bha Gàidheil agus Cruithnich ann an Alba mus tainig na Lochlannaich anns an 9mh linn agus bha ainmean-àite aca anns na cànanan a bha iad a' bruidhinn aig an àm sin. Nuair a thainig na Lochlannaich agus a chruthaich iad coimhleasachdan stèidhichte ann an eileanan na h-Alba agus ann an ceann a tuath na dùthcha, thug iad buaidh mhòr air a' chànan.

## **DÈ NA FACLAN A THA A' TIGHINN BHO FHREUMHAN LOCHLANNACH?**

Gheibhear eisimpleirean de dh'ainmean-àite a tha a' tighinn bho fhreumhan Lochlannach air feadh na h-Alba. Ann an h-eileanan mu thuath, Arcaibh agus Sealtainn, tha a' chuid as mothach dhe na h-àiteachan air a bheil sinn eòlach an-diugh a' tighinn bhon Lochlannais. Tha sin air sgàth 's gun robh na h-eileanan sin fo smachd nan Lochlannach fad iomadh linn agus leis gun deach mòran thuineachaidhean Lochlannach a stèidheachadh anns na h-àiteachan annta.



# INNSE GALL AGUS TAOBH AN IAR NA H-ALBA

Mar a shaoileadh tu, bho bhuidheann a bha gu mòr an sàs ann an siubhal mara, tha mòran dhe na faclan Lochlannach a tha air tighinn dhan Ghàidhlig co-cheangailte ris a' mhuiir. Tha an dà fhacal 'sgeir' (creag anns a' mhuiir) agus 'geodha' (caolas mara le bearraidhean casa air gach taobh) a chithear gu tric ann an ainmean air feadh na Gàidhealtachd 's nan eilean a' tighinn dìreach bho sheann chànan nan Lochlannach. 'S e 'sker' agus 'gjá' na faclan Lochlannach airson nan cruthan-tìre sin.

Tha 'sgeir' agus 'geodha' nan eisimpleirean de dh'fhaclan Lochlannach air a bheil dreach Gàidhlig. Tha mòran de dh'ainmean-àite eile ann cuideachd a tha aithnichte a-nis mar ainmean Gàidhlig, ach chan eil teagamh nach eil freumhan Lochlannach aca.



Seo cuid de na freumhan Lochlannach agus mar a tha iad a' nochdadadh ann an ainmean Gàidhlig:

Ainmean Lochlannach	Ciall sa Ghàidhlig	Eisimpleir	An tùs Lochlannach
Bost	Tac/Tuath	Liùrbost	Bolstadr
Sta/Stadh/Staidh	Dachaigh	Tolsta	Stadr
Siadar	Àite-feuraich; Àirigh	Cearsiadar	Setr
Nais/Nis	Rubha	Sgairinis	Nes
Uig/Aig/Bhaig/Bhig	Bàgh	Ùig	Vik
Bhagh	Bàgh	Steòrnabhagh	Vagr
Aigh	Eilean	Rònaigh	Ay/Ey
Dail/Dal	Gleann	Healadal	Dalr
Lacas	Bradan	Lacasaigh	Lax
Bhal	Cnoc	Aisgeabhal	Hvall

Tha freumhan Lochlannach aig ainmean-àite ann an sgìrean eile de dh'Eileanan Bhreatainn cuideachd.

Dèan rannsachadh air an eadar-lòn feuch an lorg thu co-dhiù sia ainmean-àite eile le freumhan Lochlannach a chuireas tu air a' mhap.



# A BHEIL FUIL LOCHLANNACH ANNAD?

Anns na seann làithean bha daoine a' bruidhinn air 'fuil', ach tha fhios againne gur e 'ginean' a tha sin a' ciallachadh. Tha dòigh ann air faighinn a-mach a bheil ceangal ginteil eadar thu fhèin agus do shinnsirean. Gu ìre tha gintinneachd mar a bhith a' coltachadh clann rim pàranta, ach tha rudan mar hath fuilt no sùilean a' ruith tro na ginealaich. 'S urrainn do luchd-saidheans sgrùdadh nas mionaidiche a dhèanamh air ginean airson dèanamh a-mach cò ris a tha na ginean againn coltach agus, mar sin, cò dha am buin sinn.

## Gàidhlig

MacAsgaill  
MacAmhlaibh  
MacCorcadail  
MacCoitir  
MacÌomhair

## Tùs Lochlannach

Áskell  
Óláf  
Þorketill  
Óttar  
Ívar

## Ciad ainmean Gàidhlig

Goraidh  
Ìomhar  
Raghnall  
Somhairle  
Tormod  
Torcuil

## Tùs Lochlannach

Godfrið  
Ívar  
Rögnvald  
Sumarliði  
Þormóð  
Torkill, Þorketill

# CÀIT AN DEACH NA LOCHLANNACH?

Tha fianais air na Lochlannaich air a chlàradh anns na mìltean de dh'ainmean-àite agus de shloinnidhean ann an Alba. Ach a thaobh Eachdraidh, chan eil cus fiosrachaidh ri lorg mu na Lochlannaich. Tha seo annasach leis cho ainmeil 's a bha iad aig aon àm airson sabaid agus buaireadh. Ge b' e dè thachair dhaibh, chaidh iad bho bhith uabhasach ainmeil agus soirbheachail gu bhith cha mhòr neo-aithnichte ann am beagan bhliadhnaichean.

Dè dh'adhbharaich seo? Smaoinich air dè tha a' fàgail dhaoine ainmeil an-diugh. Fàgaidh sinn seo agad fhèin gus a rannsachadh.



# NA LOCHLANNACH - EÒLASAN AGUS BUILEAN

'S urrainn dhomh m' eòlas  
air àm ann an eachdraidh  
a chleachdadhbh airson  
fianais a mhìneachadh  
agus airson beachd  
fiosraichte a thoirt  
seachad.

SOC 3 -01a

Tha mi air sgrùdadhbh coinneachadh  
chultaran san àm a dh'fhalbh a gus 's  
urrainn dhomh sgrùdadhbh a dhèanamh  
air a' bhuaidh a bha aige air na  
coimhearsnachdan  
ris an robh e a' buntainn.

SOC 4 -05c

'S urrainn dhomh bruidhinn  
mu na h-adhbharan a bha  
aig daoine a bha an sàs  
ann an tachartas  
cudromach san àm a  
dh'fhalbh agus 's urrainn  
dhomh measadh a' bhuaidh  
a bha aca, aig an àm sin  
agus on uair sin.

SOC 3 -06a

'S urrainn dhomh ceanglaichean a  
dhèanamh eadar m' ionnsachadh  
a-nise agus m' ionnsachadh roimhe  
seo, agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn  
mar a tha daoine agus tachartasan air  
cuideachadh le cruthachadh Alba mar  
dhùthraig.

SOC 3 -02a

'S urrainn dhomh raon de  
chreideasan a mhìneachadh, a tha  
aig luchd-leantainn  
chreideamhan an t-saoghal  
mu 'na ceistean deireannach' agus  
com-pàirteachadh ann an  
còmhraidhean mun deidhinn.

RME 3-04c

Airson mo thugse a shealltainn ,  
's urrainn dhomh measadh mionaideach  
a thoirt seachad, le eisimpleirean, air  
susbaint agus cruth theacsaichean  
goirid agus fada, agus 's urrainn dhomh  
dèiligeadh ri diofar sheòrsaichean  
cheistean agus obair dlùth-leughaidh eile.

GAI 3-17a

# NA LOCHLANNACH - EÒLASAN AGUS BUILEAN

'S urrainn dhomh fiosrachadh  
a thoirt seachad, cunntas a thoirt air  
tachartasan, pròiseasan no bun-bheachdan  
a mhìneachadh agus smuaintean a chur  
còmhla ann an diofar dhòighean.

LIT 3 -28a

# Foirm Fios Air Ais Feedback Form



Dè na h-ìrean a chleachd an goireas seo?

Which levels used this resource?

Dè na cuspairean curraicealaim, na h-eòlasan agus na builean a chòmhdaich sibh leis a' ghoireas seo?

Which curriculum subjects, experiences and outcomes did you cover using this resource?

Sgrìobhaibh rudan a thuirt na sgoilearan a chleachd an goireas seo.

Please write quotes from the children who used this resource.

Ciamar a chuidich an goireas seo sibh le bhith a' teagasc cuspair nan Lochlannach?

How did this resource improve your teaching of the subject of The Vikings?

Ciamar a dh'atharraicheadh no a leasaicheadh sibh an goireas seo?

How would you change or improve this resource?

A bheil sibh mothachail air na goireasan eile aig Stòrlann?

Are you aware of Stòrlann's other resources?

Dè na goireasan eile bu mhotha a bhiodh feumail dhuibh?

What other resources would be most useful to you?





